

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmair na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diardaoin 30 Màrt 2023 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr R Bremner

Mgr I MacIlleDhuinn

A' Bh-uas I Chaimbeul

A' Bh-uas S Fanet

Mgr I Grafton

Mgr P Logue (air astar)

Mgr U MacAoidh (air astar)

Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)

Mgr C Rothach

Mgr R Stiùbhart

Neo-bhuill an làthair:

Mr I MacFhionnlaigh

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr P Nevin, Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail – Coileanadh is Riaghlachas

A' Bh-uas C Macklin, Ceannard Thràth-bhliadhnaichean is Foghlam Bun-sgoile

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

A' Bh-uas S Nicllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas O Bayon, Oifigear Comataidh

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:-

Mgr M MacSuain, Manaidsear-Stiùiridh, Astar Media

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

An Toiseach

Thug an Cathraiche luaidh air an Ollamh Tormod Dòmhnallach, Sgitheanach agus sàr neach-iomairt airson na Gàidhlig, a bha air caochladh. Bha e air a bhith na neach-naidheachd airson a' BhBC agus bha ùidh gheur aige ann an leabhraichean, poileataigs, a' Ghàidhlig agus, gu sònraichte, eachdraidh an Eilein Sgitheanaich. Bha e air dìleab mhòr fhàgail sa cho-obrachadh aige air 'Trì Leabhraichean Mòra an Eilein Sgitheanaich', a bha a-nis nan goireas luachmhor do luchd-sloinnidh is luchd-eachdraidh. Chaidh co-fhaireachdainn a chur an cèill dha theaghlach.

Gnòthach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr C Aitkin, na M-uas M Nolan, na M-uas L Niven, agus na M-uas M NicPheadrais.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan Aithris Fhollaiseachd a leanas:-

Nì 7: Mgr C Rothach.

3. Naidheachdan Matha

Thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- Bha Sabhal Mòr Ostaig a' comharrachadh a 50^{mh} ceann-bliadhna am-bliadhna. Bhiodh cànan is cultar na Gàidhlig ann an staid gu math eadar-dhealaichte an-diugh mura b' e Sabhal Mòr Ostaig agus a' bhuidheachd a tha air a bhith aig na mìltean oileanach a tha air tighinn tro SMO sna 50 bliadhna mu dheireadh.
- Bha Sgioba na Gàidhlig an sàs ann a bhith a' leasachadh pròiseas ùrachaidh airson Plana na Gàidhlig 4 (PnG4). Chaidh seisean co-chomhairleachaidh, far am faodadh daoine tadhal a-staigh, a chumail air 29 Màrt ann am Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus bhathar an dùil tuilleadh sheiseanan a chumail sa Ghearasdan agus ann am Port Rìgh ann am meadhan a' Ghiblein.
- Chaidh Latha Ionnsachadh Teaghlach a chumail ann am Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar aig deireadh a' Ghearrain agus bha còrr is 30 inbheach agus mu 35 leanabh an làthair.
- Mar phàirt de Sheachdain na Gàidhlig, bha grunn phròiseactan air a dhol air adhart, le mòran sgoiltean a' gabhail pàirt san t-seachdain a bharrachd air tachartasan corporra a bha a' gabhail a-steach ainmean-àite is sean-fhaclan air an cur suas gach latha air na meadhanan sòisealta. Bha an Cathraiche air an t-seachdain a chur air bhog le bhidio goirid agus bha Cathraiche an Fhoghlaim, an Comhairliche Iain MacFhionnlaigh, air an tachartas a dhùnadh le bhith a' toirt taing do na tidsearan, na buidhnean coimhearsnachd, na com-pàirtichean, Sgioba na Gàidhlig agus Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra.
- Bha Sgioba na Gàidhlig, ann an com-pàirteachas le Bun-Sgoil Chille Mhoire agus Bun-Sgoil Stafainn, air £3.8K a ghleidheadh tro sgeama maoinachaidh Taic Freumhan Bhòrd na Gàidhlig airson pròiseactan a leasachadh gus taic a thoirt do sgoilearan FtG agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- Bha Sgioba na Gàidhlig, ann an co-bhann le Comunn na Gàidhlig agus Cultarlann Inbhir Nis, air feasgar cofaidh a chur air dòigh far an robh cothrom aig inbhich coinneachadh, a' Ghàidhlig a bhruidhinn is òrain a ghabhail. Bha clann de gach aois an làthair agus bha spòrs aca a' gabhail pàirt ann an diofar chleasan ealain is ciùird.
- Bha Sgioba na Gàidhlig ag obair còmhla ri Iomain Cholm Cille a bhios a' cur Cupa Iomain na h-Òige air dòigh le farpaisean ann an Àth Tharracail, Port Rìgh agus Srath Pheofhair. A bharrachd air a bhith a' farpais airson cupa na camanachd, bhiodh òigridh cuideachd a' farpais airson Duais na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd a bha air a toirt dhan sgoil no dhan sgioba a bu mhotha a bha a' cleachdadh na Gàidhlig air an raon-chluiche agus tron latha.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha.

4. Taisbeanadh – Astar Media

Thug Mgr Murchadh MacSuain, Manaidsear-Stiùiridh Astar Media, seachad taisbeanadh goirid mu chom-pàirteachas is soirbheachas Chomhairle na Gàidhealtachd ann am FilmG 15. Ghabh 22 sgoil le Comhairle na Gàidhealtachd com-pàirt san fharpais agus chuir sgoilearan eile, seann sgoilearan, inbhich is oileanaich sa Ghàidhealtachd cuideachd a-steach filmichean gu neo-eisimeileach. Chaidh 47 tagradh fhaotainn am-bliadhna bho air feadh na Gàidhealtachd thar 19 earrannan na farpaise. Mhìnich e amasan na farpaise agus gun robh bùithtean-obrach nam pàirt cudromach, le 24 dhiubh seo air an cumail sa Ghàidhealtachd. Chaidh a' chuir dhuissean a chumail ann am Margaidh nam Meas ann an Glaschu sa Ghearran 2023 agus b' e cothrom math a bha seo oidhirpean is coileanaidhean an luchd-fhilm a chomharrachadh.

Chuir Buill fàilte air an taic agus am brosnachadh a bha FilmG a' toirt do chànan is chultar na Gàidhlig le bhith a' sealltainn gur e cànan beò a bh' innte. Bha seo cuideachd a' sealltainn gun robh Comhairle na Gàidhealtachd air obair chruaidh a dhèanamh airson taic a thoirt do choimhearsnachdan agus, gu h-àraid, do dhaoine òga a dh'fhaodadh a dhol air adhart gu obraichean tro mheadhan na Gàidhlig.

Às dèidh taing a thoirt do Mhgr MacSuain, **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

5. Coileanadh mu Choinneimh Plana na Gàidhlig 3 (PnG3)

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/1/23 le ceann-latha 13 Màrt 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Nuair a bhathar a' dèanamh sgrùdadh air coileanadh PnG3, bha seo a' toirt ro-shealladh air ciamar a dheidheadh targaidean PnG4 a shuidheachadh. Bhathar a' tuigsinn gun robh Comhairle na Gàidhealtachd a' coileanadh gu math a thaobh seo mu choinneamh ùghdarrasan ionadail eile agus bha e cudromach na coileanaidhean seo a chomharrachadh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

6. Aithisg Adhartais Plana na Gàidhlig 4 – Plana Co-chomhairleachaidh agus Conaltraidh

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/2/23 le ceann-latha 17 Gearran 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Thug Mgr MacSuain seachad fiosrachadh cuideachd mun phròiseas cho-chomhairleachaidh is phlanaidh airson dreachd PnG4, a' gabhail a-steach cunntas às ùr mun t-seisean a chaidh a chumail ann am Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis air 29 Màrt 2023 agus sùil air adhart gu na tachartasan a bhathar an dùil a chumail ann am meadhan a' Ghiblein.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeon a leanas:-

- bha an Cathraiche air a bhith an làthair aig an t-seisean ann am Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus bha e toilichte leis an dòigh-obrach dheimhinneach a chaidh a chleachdadh. Bha seo air a bhith na dheagh thoiseach tòiseachaidh

- dhan phròiseas cho-chomhairleachaidh. Chuir e cuideam air cho cudromach 's a bha co-chomhairleachadh brioghmhor aig am biodh buaidh;
- nuair a thigeadh an t-àm gus libhrigeadh mu choinneamh nan dùbhlann ann am PnG4 bha e cudromach na cunnartan a thomhas. Bha na cunnartan seo aithnichte seach gun robhar cuideachd air dèiligeadh riutha ann am PnG3. Bhathar an dòchas ceangal a thogail le Ministear na h-Alba airson na Gàidhlig gus am biodh iad mothachail mu na cunnartan seo, gu h-àraid sa Ghàidhealtachd, agus mar a b' urrainn dhaibh taic a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd ann a bhith a' maothachadh nan cunnartan seo agus ann a bhith a' coileanadh mhion-amasan PnG4;
 - bha e cudromach gum biodh Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart mar aon de na h-ùghdarrasan a b' fheàrr ann an Alba a bha a' coileanadh a thaobh a bhith a' libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba agus na rùintean aca fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005;
 - bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith air a faicinn mar phàirt àbhaisteach de bheatha làitheil; agus
 - chaidh na cothroman a bha a' Ghàidhlig a' toirt do dhaoine òga a chomharrachadh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

7. Fèis Blas 2022

Aithris Fhollaiseachd: Thug Mgr C Rothach seachad Aithris Fhollaiseachd a thaobh an nì seo seach gun robh ceòl leis air a riochdachadh is air a thaisbeanadh mar phàirt de dh'Fhèis Blas am-bliadhna, ach cha robh e air pàigheadh ionmhasail sam bith fhaighinn airson seo a dhèanamh. Às dèidh dha an deuchainn neo-chlaon a chur an gnìomh, cha robh e dhen bheachd gun robh ùidh aige ri fhoillseachadh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/3/23 le ceann-latha 1 Màrt 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Às dèidh bhidio a' toirt am follais buannachdan mòra eaconamach is cultarail na fèise, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- b' e Comhairle na Gàidhealtachd a bha air Blas a chur air bhonn an toiseach, agus bha i an uair sin air a ruith le Fèisean nan Gàidheal. Bha e cudromach cuimhneachadh mar a thòisich an fhèis seach gun robh seo a' sealltainn na b' urrainn dhan a' Chomhairle a dhèanamh – agus a dhèanamh gu math;
- bha e cudromach cumhachd a thoirt do dh'oifigearan gus am b' urrainn dhaibh leantainn air adhart a' togail ceangal le com-pàirtichean is fèisean, agus gus am b' urrainn dhaibh leantainn air adhart a' libhrigeadh gheallaidhean do choimhearsnachdan;
- dh'fheumadh Comhairle na Gàidhealtachd a bhith air a faicinn, mar phàirt de PnG4, a bhith a' toirt seachad chothroman do dhaoine a' Ghàidhlig ionnsachadh agus dh'fhaodadh fèisean a leithid am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus Blas a bhith nan dòigh gus spionnadh a thoirt dhan a sin;
- bha ceòl a' toirt ceangal do mhòran gus com-pàirt a ghabhail leis a' Ghàidhlig, chan ann a-mhàin sa Ghàidhealtachd ach air feadh an t-saoghail;
- bha com-pàirteachas Chomhairle na Gàidhealtachd ann am Blas riatanach;

- chaidh iomradh a thoirt air cho làidir 's a bha Blas agus an fhèis air mairsinn tro na 18 bliadhna mu dheireadh a dh'aindeoin ghearraidhean ann am maoinachadh. Tron ùine seo bha i air £7.6M a chur ris an eaconamaidh ionadail, agus bha seo gu sònraichte cudromach seach gun robhar a' cumail na fèise aig deireadh ràith an luchd-turais;
- bha Blas a' toirt cothrom do thàlant òg cluiche sna coimhearsnachdan ionadail aca;
- bha fèis agus sgoil-chiùil aig Loch Abar fhèin agus bha e cudromach gun robh a' Chomhairle a' toirt taic dhaibh gus am b' urrainn dhaibh cothrom fhaighinn air tobraichean maoinachaidh; agus
- bha Blas na shàr-eisimpleir de dhòigh gus coimhearsnachdan na Gàidhealtachd a fhrithealadh is a neartachadh.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. dhan aithisg; agus
- ii. do staitistearachd is àireamhan luchd-èisteachd.

8. Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/4/23 le ceann-latha 28 Gearran 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- chaidh iomradh a thoirt air an obair a bha a' leantainn air adhart gus cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Bha mòran chothroman ann air feadh Comhairle na Gàidhealtachd airson a' Ghàidhlig ionnsachadh, co-dhiù is e dìreach beagan fhaclan no a' toirt taic do phàrantan nuair a bha iad a' cur an cuid chloinne tro Fhoghlam tron Ghàidhlig (FtG);
- bha cuideachd raon chothroman ann tro coimhearsnachdan na Gàidhealtachd far am b' urrainnear a' Ghàidhlig ionnsachadh;
- bha fastadh is gleidheadh thidsearan FtG fhathast na dhùbhlann agus bha e cudromach ceangal a chumail suas le Bòrd na Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gun robh Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart a' trusadh thidsearan. Bha seo riatanach seach gun robh an àireamh sgoilearan ann am FtG a' sìor fhàs agus bha e cudromach gun cumadh sin a' dol. A thaobh seo, cho-dhùin Ceannard na Comhairle seo a thoirt gu coinneamh dhen Bhuidheann Àrd-Stiùiridh gus am b' urrainnear a thogail aig ìre Riaghaltais. Ged a bha seo a' buntainn ri ùghdarrasan ionadail uile bha seo gu sònraichte a' bualadh air a' Ghàidhealtachd air sàillibh farsaingeachd cruinn-eòlasach agus, mar thoradh air sin, cosgaisean bith-beò nas àirde;
- aig Comataidh an Fhoghlaim a chaidh a chumail o chionn ghoirid, chaidh togail gun robh thidsearan FtG ann a bha a' roghnachadh fàgail. Ach, bha cuideachd thidsearan eile ann a bha comasach air teagasg ann am FtG ach nach robh airson seo a dhèanamh agus bu chòir beachdachadh air dòighean gus toirt air na thidsearan seo beachdachadh a-rithist;
- chaidh fàilte a chur air trusadh thidsearan-pròbhaidh bho Shabhal Mòr Ostaig;
- bha uaireannan strì ann an sgoiltean eadar cuspairean agus bha dragh ann gum faodadh cànanan call a-mach;
- nuair a bhathar a' cur chloinne ann am FtG, bha pàrantan a' sireadh gealltanais gum b' urrainn dhaibh leantainn air adhart dhan àrd-sgoil agus gum biodh

cuspairean rim faotainn sa Ghàidhlig. Math dh'fhaodte gum biodh seo a' gabhail a-steach ionnsachadh air-loidhne, gu h-àraid dha na sgoilearan aig an ìre as àirde, ach bha feum air sùil nas mionaidiche air ciamar a dheidheadh seo a libhrigeadh; agus

- chaidh briseadh-dùil a nochdadh nach robh e air a bhith comasach tidsear fhastadh do Bhun-Sgoil na Comraich.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. do na dreachd Phrìomhachasan Ro-innleachdail ùraichte airson foghlam Gàidhlig ann an ceathramh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd;
- ii. do na raointean leasachaidh làithreach is teachdail airson taic a chur ri trusadh is seasmhachd thidsearan Gàidhlig;
- iii. do chunntas às ùr mu bhith a' cruthachadh sgìrean-sgoile airson solar Foghlam tron Ghàidhlig is sgoiltean Foghlam tron Ghàidhlig; agus
- iv. dhan t-suidheachadh làithreach a thaobh an iarrtais airson Foghlam tron Ghàidhlig ann am Bun-Sgoil na Comraich.

9. Solar Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 – Inbhir Nis

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/5/23 le ceann-latha 17 Màrt 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeon a leanas:-

- chaidh ceist a thogail, agus chaidh dearbhadh, gum biodh an Cuireadh airson Ro-aithris Chosgaisean soirbheachail ann a bhith a' tarraing chunnradairean;
- fhad 's a bhathar a' cur fàilte air an adhartas a bha air a dhèanamh a-nis, chaidh briseadh-dùil a nochdadh mun ùine a bha air a dhol seachad gus an ìre seo a ruigsinn. Ach, le Inbhir Nis a' sìor fhàs, b' e adhartas nàdarrach a bh' ann an campas 3–18 FtG;
- bha leudachadh FtG soirbheachail agus a' sìor fhàs agus bha am feum a-nis air campas 3–18 FtG a' taisbeanadh seo; agus
- chruthaicheadh campas 3–18 FtG àrainneachd do chloinn le Gàidhlig agus b' ann tro bhùithtean-obrach agus tro chòmhradhean le coimhearsnachdan a dheidheadh cumadh a thoirt air.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR dhan dòigh-obrach agus do na raointean-ama airson a bhith a' leasachadh Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 airson Inbhir Nis.

10. Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig – 2023/24

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/6/23 le ceann-latha 14 Màrt 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeon a leanas:-

- bha an aithisg a' sealltainn ìrean tasgaidh Chomhairle na Gàidhealtachd sa Ghàidhlig agus mar a bha seo air a libhrigeadh, co-dhiù is e FtG, Gàidhlig sa choimhearsnachd, no an taic rianachd a bha a dhìth airson an cànan a libhrigeadh;

- bha Comhairle na Gàidhealtachd air maoinachadh tabhartais a ghleidheadh a-nis airson grunn phròiseactan thar ùine agus bha seo a' toirt dòchas gum faigheadh a' Chomhairle luach a bharrachd airson a thasgadh sa Ghàidhlig;
- bu chòir ro-mheasadh air àireamhan sgoilearan FtG, air am briseadh sìos, a bhith nan cuspair aithisge do Chomataidh san àm ri teachd a thaobh mar a bha seo a' dol an lùib PnG4; agus
- ma bha Comhairle na Gàidhealtachd a' dol a libhrigeadh mu choinneamh nan dùbhlann ann am PnG4 dh'fheumadh maoinachadh a bhith air a ghleidheadh airson sin.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. do na trì pròiseactan a tha air am mìneachadh ann an iarrtas Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig;
- ii. dhan phrògram obrach àrd-amasach ris an cuir an tabhartas taic agus toirt fa-near gura dòcha gum feum seo a bhith air atharrachadh mura tèid an t-sùim iomlan a ghleidheadh; agus
- iii. gu bheil Riaghaltas na h-Alba fhathast a' beachdachadh air an iarrtas agus gu bheil dùil ri co-dhùnadh ro dheireadh a' Ghiblein.

11. Gàidhlig agus Albais agus Bile nan Cànan Albannach – Freagairt Co-chomhairleachaidh

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/7/23 le ceann-latha 13 Màrt 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

DH'AONTAICH a' Chomataidh an fhreagairt **AONTACHADH**.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.30f.